



Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar

Ar n-òigridh ag ionnsachadh aig cridhe ar cànan, ar cultair agus ar coimhearsnachd.
Ceannard na Sgoile: Mgr Iain Iòsaph MacNèill

CUAIRT-LITIR NA COIMHEARSNACHD

TAPADH LEIBH

Tha e doirbh a chreidsinn gu bheil bliadhna gu bhith ann bho dh'fhosgail dorsan Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar. Às leth na cloinne, nam pàrantan/luchd-cùraim agus an luchd-obrach againn, tapadh leibh airson ur taic leantainn.

NAIDHEACHDAN

- Ghabh sinn com-pàirt o chionn ghoirid ann am Mòd Ionadail an Òbain agus choisinn sinn iomadh duais airson seinn aon neach, còmhraidh is aithris bàrdachd. Bhuannaich an còisir againn an dà fharpais san robh iad. Bidh sinn a' gabhail com-pàirt ann am Mòd Ionadail Loch Abar aig an deireadh-sheachdain.
- Thairis air na seachdainean a tha romhainn, bidh a' chlann a' dol air tursan oideachail. Bidh an Sgoil-àraich a' tadhal air Loch Iall leis an Outward Bound Trust. Bidh C1-7 a' togail orra gu Pàirc Safari Bhlàir Dhrumainn agus bidh C7 cuideachd a' dol air turas còmhnaidheach dà latha dhan Chill Mhòir san Eilean Sgitheanach.
- Thèid an Latha Spòrs againn a chumail (ma bhios an t-side fàbharach) aig 12.45f air Dihaoine an 24 Ògmhios agus tha sibh uile di-beathhte tighinn ga choimhead.

CÈILIDH DEIREADH TEIRME

Air Dihaoine 17 Ògmhios, bidh sinn a' cumail cèilidh deireadh teirme. Bidh Sìleas Nic na Ceàrdaich agus Deirdre Beck a' cluiche a' chiùil. Bidh a' chlann a' seinn is a' cluiche cuid de na pìosan a bh' aca aig a' Mhòd - 7.30f gu 9.30f. Gheibhear tiogaidean (£5) le fòn gu oifis na sgoile air 709720. Bidh tì agus cofaidh againn cuideachd.

TOGAIL AIRGID

Tha sinn fìor thoilichte innse gun do thog sinn £432 airson iomairt Fight for Frances agus £432 airson iomairt Daisy Fund.

CO-CHRUINNEACHADH LUCHD-FÀGAIL

Thèid co-chruinneachadh luchd-fàgail a chumail air Diardaoin 30 Ògmhios aig 10m. 'S ann gus soirbheachas na cloinne agus coimhearsnachd na sgoile againn a chomharrachadh a tha an co-chruinneachadh seo. Bidh cothrom ann soiridh-slàn a ghuidhe do C7 a bhios a' dol gu Àrd-Sgoil Loch Abar às dèidh nan saor-làithean. Tha fàilte air a h-uile duine.

SAOR-LÀITHEAN

Dùinidh an sgoil aig 12 nòin air Dihaoine 1 Iuchar agus fosglaidh i air ais air Diluain 15 Lùnastal. Rè nan saor-làithean bidh dorsair san sgoil. Ach, ma dh'fheumas sibh fios a chur gu duine sam bith, cuiribh fòn gu Oifis a' Chùraim agus an Ionnsachaidh ann an Cam Dhail air 01397707350. Tha sinn an dòchas gum bi fìor dheagh shamhradh agaibh!



Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar

Ar n-òigridh ag ionnsachadh aig cridhe ar cànan, ar cultair agus ar coimhearsnachd.
Ceannard na Sgoile: Mgr Iain Iòsaph MacNèill

LOCAL RESIDENTS' NEWSLETTER

THANK YOU

It is hard to believe that nearly a year has passed since Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar opened its doors. On behalf of all our children, parents/guardians and staff, thank you for your continued support.

NEWS

- We recently took part in the Oban Local Mod taking back many awards for solo singing, conversation and recitation of poetry. Our choir won both their competitions. We take part in Lochaber Local Mod this weekend.
- Over the next few weeks our children will be going out on educational trips. Our Sgoil-àraich will be visiting Loch Eil with the Outward Bound Trust. C1-7 will be heading for Blair Drummond Safari Park and our C7 will also be attending a two day residential trip in Kilmore on the Isle of Skye.
- Our Sports Day (weather permitting) will take place at 12.45pm on Friday 24th June - you are very welcome to come along and watch.

END OF TERM CÈILIDH

On Friday 17th June, we will be hosting our end of term cèilidh. Music will be provided by Sìleas Sinclair and Deirdre Beck. Our children will be performing some of their Mod pieces. Tickets (£5) are available by contacting the school office on 709720. Tea and coffee served at half time.

FUNDRAISING

We are delighted to announce that we raised £432 for the Fight for Frances campaign and £432 for the Daisy Fund campaign.

LEAVERS' ASSEMBLY

We will be holding our leavers' assembly on Thursday 30th June at 10am. This assembly is to celebrate the success of our children and school community. It will be an opportunity to say goodbye to our C7 who will commence in Lochaber High School after the holidays. All welcome.

HOLIDAYS

The school will close at 12pm on Friday 1st July and re open for the next session on Monday 15th August. During the holidays, a janitor will be on site. If, however, you need to contact anyone, please call the Care and Learning Office in Camaghael on 01397707350. We hope you have an enjoyable summer.